


A' Chiad Fhaclair Gàidhlig-Beurla

Bha Comann Sgaoileadh Èolas Crìosdail ann an Alba (An SSPCK) air a stèidheachadh ann a 1709, agus bha e ag amas air na **Sgriobtaran** ionnsachadh do dhaoine air feadh Gàidhealtachd na h-Alba.

Thuig iad gu math luath gum feumadh iad faclair Gàidhlig-Beurla airson an luchd-teagaisg a chuideachadh. Chuir am **bàrd** ainmeil, Alasdair MacDhòmhnaill, 'Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair', a bha na **mhaighstir-sgoile** ann an Àrd nam Murchan aig an àm, seo ri chèile agus chaidh a **chlò-bhualadh** ann an 1741.



Phàigh an SSPCK a' chuid bu mhotha dhen chosgais airson faclair Gàidhlig-Beurla Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair.

